



HM Government

Alba san RA



Giblean 2014

Clàr-innse

Am fiosrachadh ceart	1
Alba san RA an-diugh: a' tarraing à dà thobar	3
Ar neart agus ar tèarainteachd eaconamach	6
Not na RA	7
Ar margadh singilte	7
Seirbheisean ionmhasail	9
An Rìoghachd Aonaichte a th' againn le chèile	12
Ar n-àite anns an t-saoghal	16
Co-dhùnadh	19

Am fiosrachadh ceart

Air 18 Sultain 2014, nì daoine an Alba aon de na co-dhùnaidhean as cudromaiche nar latha fhèin – fuireach san Rìoghachd Aonaichte air neo a fàgail agus a bhith na stàit neo-eisimeileach fa leth.

Mar Rùnaire Stàite na h-Alba, bha mi a' siubhal ar dùthcha sna beagan mhìosan a chaidh seachad a' beachdachadh mun reifreann le daoine fa leth, coimhearsnachdan agus raon farsaing de bhuidhnean. Air feadh na h-Alba, dh'iarr daoine fiosrachadh soilleir, sìmplidh orm a chuidicheas daoine

fa leth, na buidhnean aig a bheil iad ag obair agus luchd-cleachdaidh an cuid sheirbheisean gus na buannachdan an lùib Alba a bhith san Rìoghachd Aonaichte a thuigsinn agus dè a' bhuaidh oirre a bhith ga fàgail.


Rinn Riaghaltas na RA mion-sgrùdadh mòr gus mìneachadh dè na buannachdan aig Alba a bhith san RA agus airson a' bhuaidh aig neo-eisimeileachd a rannsachadh. Bheir an leabhran beag seo seachad na prìomh cho-dhùnaidhean gu ruige seo. Tha am mion-sgrùdadh

– agus fada a bharrachd fiosrachaidh – ri fhaighinn air-loidhne aig www.gov.uk/scottishreferendum.

Tha Riaghaltas na RA ag iarraidh gum bi a h-uile duine an Alba fiosrach ro àm an reifreinn. Mar sin dheth, dh'iarraim air buidhnean am fiosrachadh seo a chur an tairgse a h-uile duine gus an urrainn dhaibh tuigsinn dè an tairbhe aig Alba fuireach anns an Rìoghachd Aonaichte.

Alasdair Carmichael

Alasdair MacGilleMhìcheil BP
Rùnaire Stàite na h-Alba

Dh'fhaoidte gum bu toil leibh dhol san deasbad air-loidhne aig [@YouDecide2014](https://twitter.com/YouDecide2014), www.gov.uk/scottishreferendum agus facebook.com/youdecide2014 

Alba san RA an-diugh: a' tarraing à dà thobar

Mar phàirt den RA tha Alba a' tarraing à dà thobar.

Aig Taigh an Ròid tha Pàrlamaid Albannach làidir againn agus smachd aice air còrr is £27 billean de chosgais – timcheall air 60% den chosgais phoblach iomlan ann an Alba. Tha cumhachd aig Pàrlamaid na h-Alba an lagh a dhèanamh 's atharrachadh a rèir feuman 's rùintean Albannach ann an cùram-cloinne; foghlam; trèanadh 's sgilean; iomairt; slàinte 's cùram sòisealta; ceartas 's obair-phoileas; taigheadas agus àrainneachd; àiteachas, iasgach 's cùisean dùthchail; agus sna h-ealain, cultar 's spòrs.

Aig an aon àm, tha buannachd againn mar phàirt den RA; le Pàrlamaid na RA a tha a' dèanamh cho-dhùnaidhean às leth gach duine san RA mun eaconamaidh, dìon, tèarainteachd nàiseanta 's chùisean eadar-nàiseanta.

Tha buannachd againn mar phàirt de dh'eaconamaidh nas motha, nas eug-samhaile 's nas seasmhaiche, le sin, a' cruinneachadh bhuannachdan ann an tìmean math agus a' co-roinn chunnartan ann an droch thìmean.

Agus tha an co-chòrdadh fèin-riaghlaidh againn sùbailte. Air sgàth Achd na h-Alba 2012 bha cumhachdan Phàrlamaid na h-Alba air an leudachadh leis an tiomnadh a bu mhotha de chumhachdan cise bho Westminster ann an 300 bliadhna.

Bhon Ghiblean 2016, bheir tuilleadh fèin-riaghlaidh cumhachdan cise a bharrachd do Phàrlamaid na h-Alba, mar sin, bidh uallach oirrese trian den airgead a bhios i a' cosg an Alba a thogail. An cois nan cumhachdan seo, tha reata ùr Albannach de chis cosnaidh a bheir cead do Riaghaltas na h-Alba co-dhùnadh dè an

Na prìomh chumhachdan a th' air an gleidheadh 's air an tiomnadh











Prìomh chumhachdan tiomnaichte:

 CUIRTEAN	 FOGHLAM	 SLÀINTE	 ÀITEACHAS
 POILEAS	 GNOTHACHAS	 ÀRAINNEACHD	 IASGACH
 CULTAR & NA H-EALAIN	 CÒMHDHAIL	 SPÒRS	 TEINE & TEASAIRGINN

Air an cur riutha le Achd na h-Alba 2012:

Cis Stampa Cis Fearainn GIBLEAN 2015	Cis Lionaidh-thalmhainn GIBLEAN 2015	Cumhachdan iasaid GIBLEAN 2015	Reata Albannach na cise cosnaidh GIBLEAN 2016
---	--	--	---

Prìomh chumhachdan glèidhte:

 DÌON & TÈARAINTEACHD NÀISEANTA	 SO-CHAIREAN	 POILEASAIDH MACRO EACONAMACH	 AM BUN-REACHD
 CÙISEAN CÈIN	 IN-IMRICH	 CRAOLADH	 RIAGHLADH LÙTHA

reata cìse a bhios daoine an Alba a' pàigheadh. Cuideachd, dh'fhoillsich Riaghaltas na RA gum faigh Riaghaltas na h-Alba cumhachdan gus na bannan aice fhèin a chur a-mach agus iasadan a ghabhail airson seilbh chalpa leithid pròiseactan mòra còmhaidhail, ospadalan, sgoiltean agus dìon o thuiltean.

'S e an RA ceithir nàiseanan aonaichte agus saor bho chrìochan. Còmhla ri chèile, chruthaich sinn an NHS agus am BBC, rinn sinn strì airson saorsa sna cogaidhean mòra, gairdeachas ri soirbheachadh Oilimpeach agus thog sinn an t-aonadh de nàiseanan as fheàrr agus as buaine air an t-saoghal. Le neo-eisimeileachd, dh'fhàgadh Alba an Rìoghachd Aonaichte gus stàit ùr a chruthachadh. Mhaireadh an còrr den RA. Leanadh laghan agus institiudan na RA – leithid Banca Shasainn – orra ag obrachadh san RA leantainneach

agus ghleidheadh an RA leantainneach a' bhallrachd aice ann am buidhnean leithid an EU, an UN, NATO agus an G7.

Dh'fheumadh Alba neo-eisimeileach tagradh a chur a-steach don a h-uile buidheann eadar-nàiseanta san robh i ag iarraidh compàirt agus a h-institiudan dachaigheil fhèin a stèidheachadh. Tha còrr is 200 buidheann phoblach na RA a' gnìomhachadh an Alba an-dràsta – dh'fheumadh an riaghaltas aig Alba neo-eisimeileach co-dhùnadh cia mheud dhiubh seo a dh'fheumadh an cruthachadh às ùr. Gus na h-institiudan seo a chruthachadh agus a stiùireadh, thigeadh air luchd-pàighidh cìse Albannach am maoineachadh.

Ar neart agus ar tèarainteachd eaconamach

Mar phàirt den RA, tha eaconamaidh na h-Alba air a bhith làidir. Sna 50 bliadhna a dh'fhalbh, bha fàs ann an toradh eaconamach gach duine beagan na bu treasa an Alba na bha e san RA sa chumantas. Tha seo a' dearbhadh gu bheil Alba math dheth mar phàirt den RA, a' toirt bàrr air dùthchannan beaga, neo-eisimeileach. Bho 2000 gu 2012, bha fàs airson gach pearsa an Alba na b' àirde na an Danmhairg, an Fhionnlann, Èirinn, Lugsamburg 's a' Phortagail.

San RA, tha sinn a' compàirteachadh stòrasan

agus a' co-roinn chunnartan thar Alba, Sasainn, na Cuimrigh 's Èirinn a Tuath. Tha meud 's iomadachd eaconamaidh na RA air cuideachadh gus ar dìon bho chrathaidhean eaconamach, leithid staing na bancaireachd 2008. Chosg Riaghaltas na RA £45 billean ag ath-chalpacadh Banca Rìoghail na h-Alba (RBS) an 2008, agus fhuair am banca £275 billean de bharantasan agus iasadan stàite. Uile gu lèir, bhiodh an taic seo air a bhith a dhà uiread meud eaconamaidh iomlan na h-Alba sa bhliadhna sin, ola a' Chuain a Tuath na measg.

Reataichean fàis ann an GVA (Fàs Luach-leasaichte) gach pearsa

An t-Suain	1.6%
Alba	1.2%
An Ostair	1.2%
An Fhionnlann	1.1%
Èirinn	0.8%
Lugsamburg	0.8%
A' Phortagail	0.2%
An Danmhairg	0.1%

Not na RA

'S e an RA aon de na h-aonaidhean poileataigeach, fiosgail 's airgid as sealbhaiche a bh' ann a-riamh, agus tha Alba a' faighinn tòrr bhuannachdan às an t-suidheachadh a th' ann an-dràsta. Tha cìsean, cosgais, poileasaidh airgid agus poileasaidh seasmhachd ionmhasail air an co-òrdanachadh thar na RA air fad air leas a h-uile ceàrn den RA. Tha cunnartan air an co-roinn agus tha urras coitcheann aig an RA an aghaidh mì-chinnt.

Ma bhòtas daoine an Alba agus an RA fhàgail, bhiomaid a' bhòtadh gus not na RA fhàgail cuideachd. Tha sin na phàirt den roghainn a thathar ag iarraidh oirnn dèanamh.


Mhol Riaghaltas na h-Alba aonadh ruith-airgid a bhith ann còmhla ris an Rìoghachd Aonaichte leantainneach. Dhiùlt na trì pàrtaidhean poileataigeach as motha san RA aonadh airgid a bhith ann leis nach biodh e air leas na RA maireannaich no air leas Alba neo-eisimeilich. Dhèanadh aonadh ruith-airgid na bu dorra e do dh'Alba neo-eisimeileach i fhèin a ghleusadh ri dùbhlain eaconamach, mar a bha e do dhùthchannan Eòrpach ann an aonadh airgid an iùro. 'S ann a bhiodh fada a bharrachd cunnairt na lùib don RA

leantainneach, agus dh'fhaoidte gun rachadh iarraidh air luchd-pàighidh cìse na RA dhol an urras do dh'Alba air cheann staing fhiosgail no ionmhasail sam bith.

Ar margadh singilte

Tha margadh mòr dachaigheil na RA, le aon ruith-airgid agus riaghailtean coitcheann, a' leigeil le gnìomhachas a bhith malairt gu saor thar na RA air fad, air leas ghnothachasan, luchd-obrach agus luchd-caitheimh. An 2011, reic Alba bathar agus seirbheisean luach còrr is £45.5 billean ri ceàrnan eile na Rìoghachd Aonaichte. Tha seo a dhà uiread na tha sinn a' cur a-null chun a' chòrr den t-saoghal agus ceithir uiread ris na tha sinn a' cur a-null chun a' chòrr den Aonadh Eòrpach uile gu lèir.

Tha taic ga cumail ris a' mhalairt seo le frèam-obrach gnìomhachais coitcheann a tha mar bhun-stèidh do gach ìre sa bheil gnìomhachas a' fastadh chosnaichean, a' gabhail iasadan-airgid, a' cur bathar gu margadh air-loidhne, air neo, chun nam bùthan.



Air cheann neo-eisimeileachd, thigeadh air Riaghaltas na h-Alba rognachadh eadar:

- **gabhail an nota gu neo-fhoirmeil**, san dòigh a tha Panama agus Ecuador a' cleachdadh an dolair Ameireaganaich (ris an canar "sterlingisation" mas fhìor), a' ciallachadh nach biodh smachd aig Alba air na reataichean rèidh aice 's nach biodh iasadaiche ann mar innleachd mu dheireadh do na bancaichean aice;
- **gabhail anns an iùro**, a dh'fhaodadh cur air Alba neo-eisimeileach a dhèanamh mar phàirt de ghabhail san EU, agus a dhèanadh gun rachadh an iùro an àite not na RA ann an cuairteachadh, le reataichean rèidh Albannach air an suidheachadh le Prìomh Bhanca na h-Eòrpa;
- **a' cruthachadh ruith-airgid ùr, Albannach**, a bheireadh do riaghaltas na h-Alba làn smachd air a' phoileasaidh eaconamach uile, ach a dhèanadh gum biodh mì-chinnt ann mu luach shabhalaidhean 's pheinnsanan, agus cosgaisean aibheiseach ann do ghnìomhachas.

Anns an RA, tha sinn a' buannachd bho not làidir na RA, às aonais nan cunnartan seo.



Ge b' e dè an ruith-airgid a th' air a taghadh, chuireadh neo-eisimeileachd crìoch air seo uile.


Le sin, dh'fheumadh gnothachasan air feadh na RA dèiligeadh ri dà sheòrsa riaghailtean agus dà shiostam cìse, rud a dh'àrdaicheadh cosgaisean 's a thogadh mì-chinnt, ga dhèanamh na bu dorra a bhith ri gnothachas thar na RA air fad.

Tha mion-sgrùdadh Riaghaltas na RA a' meas gum faodadh cosgais £2,000 sa bhliadhna a bhith ann do gach teaghlach an Alba ma thèid crìoch a chur eadar Alba 's eaconamaidh a' chòrr den RA, agus airson siostaman riaghlaidh 's eile a stèidheachadh.

Seirbheisean ionmhasail

Tha meud eaconamaidh na RA a' dèanamh gun urrainn dhi roinn ionmhais tèarainte 's beothail a chumail suas. Bhiodh roinn bancaireachd aig Alba neo-eisimeileach 12 uiread na bu mhotha na meud na h-eaconamaidh aice – fada nas motha na bh' aig Èirinn, Innis Tìle 's Cìopras nuair chaidh iad ann an staing.

Maoinean na roinne bancaireachd mar chuibhreann GDP



Tha buannachd againn bho àite na RA mar cheann-iùil nan seirbheisean ionmhasail agus 's e roinn an ionmhais aon de na roinnean as cudromaiche ann an eaconamaidh na h-Alba – chuir i £8.8 billean ri eaconamaidh na h-Alba agus chùim i suas 8% de chosnadh iomlan na h-Alba (faisg air 200,000 dreuchd) an 2013.

Tha roinn ionmhasail na h-Alba, agus na h-obraichean seo uile, an crochadh ri luchd-ceannaich an Sasainn, sa Chuimrigh 's Èirinn a Tuath – a bharrachd air an fheadhainn an Alba fhèin. Le margadh singilte na RA againn, 's urrainn do luchd-seirbheis ionmhasail an Alba am bathar a reic ri luchd-ceannaich air feadh na RA gun bhacaidhean sam bith. Tha companaidhean Albannach a' reic faisg air 90% de chunntasan ISA agus 80% de mhorgaidsean ri luchd-ceannaich ann an ceàrn an eile den RA.

Bhriseadh neo-eisimeileachd suas am margadh dachaigheil seo. Thigeadh air Alba neo-eisimeileach am frèam-obrach riaghlaidh 's laghail aice fhèin airson seirbheisean ionmhasail, agus an siostam cìse aice fhèin,

a stèidheachadh. Dhèanadh sin gum feumadh companaidhean a tha a' reic pheinnseanan, àrachas 's mhorgaidsean ann an Alba neo-eisimeileach agus san RA leantainneach cosgaisean a bharrachd a phàigheadh le obair san dà mhargadh – cosgaisean a dh'fhaodadh a bhith air an giùlan le daoine fa leth (an dàrna cuid mar luchd-pàighidh cìse no luchd-ceannaich) air a' cheann thall.

Tha grunn bhuidhnean comhairleachaidh 's dìon luchd-ceannaich na RA air fad ann cuideachd – leithid Ùghdarras Giùlain Ionmhasail, Seirbheis Ionmhasail an Ombudsman agus Seirbheis Comhairleachadh an Airgid – a bhiodh cosgail ri dùblachadh ann an Alba neo-eisimeileach. Tha gnìomhachas nan seirbheisean ionmhasail a' tomhas gun cosgadh seo na milleanan de notaichean.

Tha ullachaidhean air an deagh mhaoineachadh aig an RA cuideachd a tha a' dìon thasgaidhean de suas ri £85,000 ann am bancaichean na RA ma thèid bancaichean ann an staing. Nan rachadh

Alba neo-eisimeileach, cha bhiodh bancaichean Albannach 's an luchd-ceannaich air an dìon le seo tuilleadh. Dh'fheumadh Alba neo-eisimeileach sgeama barantas nan tasgaidhean aice fhèin a stèidheachadh fo lagh an EU. Nan rachadh aon den dà bhanca as motha an Alba fodha, thigeadh air an t-aon bhanca a bha air fhàgail airgead-dìolaidh a thoirt do luchd-tasgaidh cha mhòr leis fhèin. Nam fairticheadh air an sgeama, dh'fheumadh riaghaltas neo-eisimeileach na h-Alba an t-uallach a ghabhail. An-dràsta, tha luach còrr is 100% de eaconamaidh na h-Alba sna tasgaidhean a bhiodh a' tighinn fo sgèith sgeama Albannaich.

Seach a bhith a' ruith cunnart nan cosgaisean a bharrachd seo, dh'fhaodadh companaidhean co-dhùnadh nach tomhadh iad ach ri aon mhargadh a-mhàin. Bhruidhinn companaidhean

leithid RBS agus Banca na h-Alba mu chunnart chosgaisean nas àirde air cheann neo-eisimeileachd na h-Alba. Tha càch leithid Standard Life 's Alliance Trust a' beachdachadh mu ciamar a dh'fhaodadh iad cuid de an gnothach a ghluasad gu Sasann nan robh bhòt ann airson neo-eisimeileachd.

Dh'fhaodadh roghainn lùghdaichte 's cosgaisean nas àirde a bhith ann airson bathair ionmhasail do dhaoine an Alba, nam measg, morgaidsean, àrachas agus peinnseanan. A rèir a' mhion-sgrùdaidh neo-eisimeilich, mheas Riaghaltas na RA gum faodadh pàigheadh morgaidse bliadhnaile sa chumantas an Alba meudachadh le £1,700.


An Rìoghachd Aonaichte a th' againn le chèile

Le bhith a' co-riarachadh ar stòrasan air feadh na RA, tha taic ga cumail ri cosgais phoblach an Alba an-dràsta agus san àm ri teachd – tha cosgais an Alba mu 10% nas àirde na figear cumanta na RA bho 1998. Bha seo co-ionann ri £1,300 gach neach an 2012-13.

Ge b' e càit a bheil sinn a' fuireach san RA, tha daoine a' faighinn nan aon ìre de shochair, ge brith treisead no laigead nan eaconamaidhean ionadail, no diofaran eadar sluaghan ionadail. Tha neart 's meud eaconamaidh na RA gar cuideachadh le taic a thoirt do dhaoine an amannan na h-uireasbhaidh agus gus tèarainteachd ionmhasail a thabhann nar n-aois mhòr.

Ma thèid i neo-eisimeileach, gheibheadh Alba cuid de theachd a-steach ola 's gas a' Chuain a Tuath, 's dh'fheumadh

sin a cho-rèiteachadh. Ge-tà, tha airgead ola air fear de na tùsan teachd a-steach as caochlaidiche. Bhon a fhuair i fèin-riaghladh, tha cuid chruinne-eòlach na h-Alba de dh'airgead ola 's gas air atharrachadh eadar £2 bhillean agus £12 billean. Tha figearan Riaghaltas na h-Alba a' sealltainn gun do thuit a' chuid chruinne-eòlach de theachdan a-steach a' Chuain a Tuath an 2012-13 le còrr is £4 billean – co-ionnan ri còrr is leth-chuid de bhuidseat foghlaim na h-Alba a chall ann an aon bhliadhna. Ge-tà, mar phàirt den RA, 's ann a mheudaich buidseat Riaghaltas na h-Alba an 2012-13, le buannachd à neart 's iomadachd eaconamaidh na Rìoghachd Aonaichte.



Anns an RA, tha buannachd aig roinn an ola 's gas, agus roinn an lùtha ath-nuadhachail, à margadh lùtha singilte aig a bheil na milleanan de luchd-ceannaich. Tha gnìomhachas lùtha na h-Alba an crochadh ri cothrom gun bhacadh air 24 millean luchd-ceannaich dealain an Sasainn 's a' Chuimrigh – 10 uiread 's a tha ann an Alba. Mar phàirt den RA, tha sinn ag obair còmhla gus an comas as motha a thoirt à lùth ath-nuadhachail, le roinn ath-nuadhachail spionnmhor na h-Alba a' faighinn buannachd bho cho-roinn nan cosgaisean le luchd-ceannaich thar na RA air fad.

Tha gnìomhachasan ùr-ghnàthach, leithid lùtha ath-nuadhachail, a' buannachd à sàr choimhearsnachd rannsachaidh shoirbheachail na Rìoghachd Aonaichte. Tha buannachd aig luchd-rannsachaidh air feadh na RA le cothrom air bunstructar, leithid coimpiutaireachd adhartach 's le ballrachd na RA ann an goireasan eadar-nàiseanta, leithid Ionad Eòrpach an Rannsachaidh Niùclasaich (CERN). Tha e nas saoire a bhith a' co-roinn nan cosgaisean seo. Aig an aon àm, tha buannachd aig luchd-rannsachaidh an Alba bho mhaoineachadh rannsachaidh na RA air fad. An 2012-

13, ghabh Alba ri 13% de mhaoineachadh Comhairle Rannsachaidh na RA (£257 millean) – nas àirde na a' chuid GDP aig Alba (8%) no a' chuid den àireamh-shluaigh aice (8.4%). A thuilleadh air maoineachadh poblach, tha buidhnean carthannais na RA a' maoineachadh meudan math rannsachaidh an Alba; chaidh mu thuaiream 14% den mhaoineachadh a bh' air a thogail le buill Comann nan Carthannasan Rannsachaidh Mheidigich an 2011 a chosg air rannsachadh an Alba.

Tha Comhairlean Rannsachaidh na RA am measg còrr is 200 buidheann phoblach na RA air fad a tha a' frithealadh dhaoine an Alba an-diugh. Tha iad air am bonntachadh a rèir luachan coitcheann agus faodaidh a h-uile duine san RA cothrom a ghabhail air eaconamaidhean sgèile gus cosgaisean luchd-pàighidh cise a lùghdachadh, cliù eadar-nàiseanta na RA àrdachadh agus gus stòrasan 's cunnartan a cho-roinn far a bheil sin ciallach. Ge-tà, nam fàgadh Alba an Rìoghachd Aonaichte, bhiodh i cuideachd a' fàgail a h-uile institiud aig an RA.

Thuirt Riaghaltas na h-Alba gun iarradh e compàirt ann am mòran de na h-institiudan seo air cheann neo-eisimeileachd. Ach chan eil na h-institiudan seo air an co-roinn le stàitean fa leth eile, agus chan eil e soilleir carson a bhiodh e air leas na RA leantainnich institiudan na RA atharrachadh gus am faigheadh iad air seirbheis a thoirt do dhà stàit fa leth san àm ri teachd.

Tha e do-sheachainte gum feumadh stàit ùr Albannach raon farsaing de bhuidhnean poblach ùra a chruthachadh. 'S e obair aibheiseach a bhiodh ann raon ùr de dh'institiudan a stèidheachadh a dh'fheumadh pailteas maoin ro làimh.

Tha na h-institiudan a th' againn còmhla mar phàirt den RA luaidhte nar beatha làitheil. Mar eisimpleir, tha an Crannchur Nàiseanta air a chluich leis na milleanan de dhaoine air feadh na RA, agus tha an t-airgead à sin a' cumail taic ri spòrs agus cultar thar na RA air fad, le còrr is 50,000 culaidh carthannais an Alba a' faighinn maoineachadh luach £2.5 billean gu h-iomlan bho 1994. Cha bhiodh

còir dhearbhte aig stàit ùr Albannach cumail oirre a bhith mar phàirt de Chrannchur Nàiseanta na RA.

Tha am BBC air fear de na sàr institiudan a th' againn le chèile. Tha teist aige air feadh na cruinne agus tha e a' toirt fios, foghlam agus dibhearsan do na milleanan de luchd-amhairc 's luchd-èisteachd aig an taigh. Air cheann neo-eisimeileachd, bhiodh craoladairean poblach – am BBC nam measg – a' frithealadh an t-sluaigh san RA leantainneach.

Mar stàit ùr fa leth, cha bhiodh còir dhearbhte aig Alba air cuid den BhBC mar sin fhèin i. Dh'fheumte tighinn gu aonta a thaobh tagraidh sam bith airson feum a dhèanamh den mhaoin aig a' BhBC an-dràsta, no gus prògraman BBC a shealltainn.

Ar n-àite anns an t-saoghal

Còmhla ri chèile mar an Rìoghachd Aonaichte, tha sinn a' toirt buaidh air an t-saoghal mun cuairt oirnn. Tha an RA aig ceann bòrd an EU, NATO, an G7, a' Cho-fhlaitheis agus Comhairle Tèarainteachd an UN – an aon dùthaich air an t-saoghal a tha na pàirt de na buidhnean seo uile. Tha sinn a' toirt cumadh air co-dhùnaidhean eadar-nàiseanta a tha a' bualadh air Alba agus tha sinn a' cleachdadh ar buaidh gus deamocrasaidh 's còirichean daonna a bhrosnachadh air feadh an t-saoghail.

Tha lìonra dioplòmasach eadar-nàiseanta na RA a' riochdachadh Alba fad 's leud na cruinne, a' cumail cosnadh ri còrr is 14,000 duine ann an 267 Ambasaidean, Àrd-Choimiseanan, Consalachdan 's oifisean eile ann an 154 dùthchannan agus 12 Ranntairean Cèin air feadh an t-saoghail. Tha sinn a' cleachdadh ar lìonraidhean gus leas eaconamach nan gnothachasan an Alba a chumail suas 's a dhìon – mar eisimpleir a' dìon mac na bracha an aghaidh leanna fhuadain, chisean claon-bhàigheil agus bacaidhean malairt.

Tha gnothachasan Albannach a' buannachadh bhon taic ghnìomhach aig 169 oifisean Malairt & Tasgadh na RA (UKTIan) ann an còrr is 100 dùthaich.

Agus, mar phàirt den RA, tha sinn a' cruinneachadh ar stòrasan gus fìor dhiofar a dhèanamh le cobhair eadar-nàiseanta, mar an dàrna tabhartaiiche cobhrach as motha san t-saoghal agus mar a' chiad dùthaich san G7 a bhual air an rùn GNI (Làn Teachd A-steach Nàiseanta) de 0.7%. Le ar n-oidhirpean còmhla, faodaidh an RA obair gus fìor bhoichdainn agus am feum air cobhair a thoirt gu crìoch, le cruthachadh obraichean, a' toirt comas chaileagan 's bhoireannaich gu buil agus a' cuideachadh le beatha a shàbhaladh nuair a thig an èiginn air daoine.

Tha buannachd againn uile bho ghuth làidir na RA san Roinn-Eòrpa, far a bheil sinn a' cur ar buaidh gu feum a thaobh chùisean a tha cudromach do dhaoine 's gnothachasan an Alba, leithid tabhartasan buidseit, subsadaidhean

Na deich tabhartaidhean cobhrach as motha san t-saoghal

1	Na Stàitean Aonaichte	\$31.55 billean
2	An RA	\$17.88 billean
3	A' Ghearmailt	\$14.06 billean
4	An Iapan	\$11.79 billean
5	An Fhraing	\$11.38 billean
6	An t-Suain	\$5.83 billean
7	Nirribhidh	\$5.58 billean
8	Na Tìrean Ìsle	\$5.44 billean
9	Canada	\$4.91 billean
10	Astràilia	\$4.85 billean

iasgaich 's àiteachais. Tha a h-uile duine san RA a' buannachd às na cumhaichean a cho-rèitich sinn san EU, nam measg sin, tarraing a-mach às an iùro 's raon Schengen, agus ar lasachadh buidseit luach còrr is £3 billean.

Air cheann neo-eisimeileachd, dh'fheumadh Riaghaltas Albannach neo-eisimeileach tagradh airson gabhail ann am buidhnean eadar-nàiseanta, an EU nam measg, 's dh'fheumadh sin aonta le gach aon de na 28 ball-stàitean. Tha dùilean Riaghaltas na h-Alba mu chumhaichean agus clàr-ama ballrachd san EU gun samhail, agus 's e sin as adbhar don robh Ceann-suidhe Coimisean an EU, Prìomhair na Spàinne agus càch a' cur an cuid dhraghan an cèill. An àite a bhith a' buannachd à lasachadh buidseat an EU

aig an RA, thigeadh air Alba neo-eisimeileach pàigheadh fa chomhair lasachadh na Rìoghachd Aonaichte leantainnich.

Mar phàirt de Rìoghachd Aonaichte, tha sinn cuideachd ag obair còmhla gus sinn fhìn a dhìon aig an taigh. Tha an dòigh-dìona amalaichte aig an RA a' cumail a h-uile pàirt den Rìoghachd Aonaichte tèarainte. Tha ar buidhnean tèarainte 's fàisneis gar gleidheadh o cheannairceas, beachdaireachd agus eucoir air-loidhne.

'S e Feachdan Armaichte na RA as fheàrr air an t-saoghal, gar cumail sàbhailte san RA, 's a' cur ri bacadh còmhstri agus obair furtachd an dùthchannan cèine; le buidseat dìona bliadhna a tha air fear den fheadhainn as

motha air an t-saoghal. Tha ar cosgais dhìona a' cumail taic ri gnìomhachas an dìon an Alba, a tha a' cumail obair ri timcheall air 12,600 duine. Air cheann neo-eisimeileachd, cha bhiodh companaidhean stèidhichte an Alba airidh tuilleadh air cùmhnantan a roghnaicheadh an RA cumail san dùthaich, air adhbharan tèarainteachd nàiseanta.

Tha crìochan na RA air an dìon cuideachd, le còrr is 20,000 duine agus còrr is £2 billean ga chosg gus bacadh a chur air daoine 's bathar a dh'fhaodadh cron a dhèanamh oirnn thighinn don RA. Anns an RA, faodaidh daoine agus bathar gluasad gu saor. Chan fheumar pàipearan aithneachaidh gus siubhal timcheall air an RA. Chan eil sgrùdaidhean cusbainn no rianachd ann co-cheangailte ri gluasad bathair. Tha 23 millean carbad a' dol an dà thaoibh gach bliadhna eadar Alba agus Sasann; 15 millean tunna de charago a' gluasad an dà thaoibh; 7 millean turas-rèile a' dol eadar Alba agus ceàrnan eile den RA; agus tha 800,000 turas-adhair ann eadar Alba agus Èirinn a Tuath.

Air cheann neo-eisimeileachd, rachadh a' chrìoch a th' ann an-dràsta eadar Alba 's an RA leantainneach na crìoch eadar-nàiseanta eadar dà stàit dhealaichte. Dh'fheumadh stàit Albannach fa leth agus an RA leantainneach co-dhùnadh ciamar a chumadh iad rian air an sruth dhaoine agus bathair thar na crìche sin. Tha e coltach gun èireadh eadar-dhealachaidhean ri tim ann an rèimean riaghaidh 's chisean mar a bhiodh an dà riaghaltas fa leth a' leantainn poileasaidhean eadar-dhealaichte gus tighinn a rèir an t-suidheachaidh aca fhèin. Dh'fhaodadh eucoirich brath a ghabhail air na h-eadar-dhealachaidhean seo le cùl-mhùtaireachd. Tha e comasach cuideachd gum biodh na riaghaltasan ag iarraidh poileasaidhean in-imrich eadar-dhealaichte a leantainn. Ge-tà, chan fhaodadh Alba neo-eisimeileach poileasaidh in-imrich fada nas fhosgailte a leantainn agus iarraidh a ghabhail san Raon Siubhail Choitcheann leis an RA agus Èirinn.

Co-dhùnadh


Tha Alba na pàirt riatanach den RA. Tha sinn uile a' cur ris agus a' faighinn buannachd le bhith mar phàirt de theaghlach dhùthchannan.

Mar phàirt den Rìoghachd Aonaichte, tha buaidh aig Alba aig an taigh agus air feadh na cruinne. Tha na gnìomhachasan againn air an dion 's an cumail suas nas fheàrr le neart 's iomadachd eaconamaidh na RA agus 's urrainn dhuinn èisteachd fhaighinn air àrd-ùrlar an t-saoghail le ballrachd na RA ann am buidhnean eadar-nàiseanta.

Tha suim ann – agus bha a-riamh - do ar cultar nàiseanta sònraichte; ar n-eaglaisean, ar foghlam 's

ar siostam lagha an taobh a-staigh na Rìoghachd Aonaichte. Agus leis a' Phàrlamaid fèin-riaghlaidh againn fhìn aig Taigh an Ròid, 's urrainn dhuinn co-dhùnaidhean a dhèanamh mu phrìomh chùisean a tha a' toirt buaidh air ar beatha làitheil a thaobh ar slàinte, ar sgoiltean, ar siostam ceartais 's ar n-àrainneachd.

Fad còrr is 300 bliadhna, tha sinn ag obair còmhla ri ar caraidean 's luchd-dàimh ann an ceàrnan eile den RA. Agus le bhith a' bhòtadh san t-Sultain gus fuireach san Rìoghachd Aonaichte, is urrainn dhuinn cumail oirnn a' coileanadh barrachd còmhla na dhèanadh sinn air leth bho chèile.

Ma tha sibh ag iarraidh tuilleadh fiosrachaidh no cothrom coimhead air pàipearan mion-sgrùdadh na h-Alba, rachaibh gu: www.gov.uk/scottishreferendum no dh'fhaoidte gum bu toil leibh dhol san deasbad air-loidhne aig: [@YouDecide2014](https://twitter.com/YouDecide2014) agus facebook.com/youdecide2014 

the 1990s, the number of people in the UK who are aged 65 and over has increased from 10.5 million to 13.5 million, and the number of people aged 75 and over has increased from 4.5 million to 6.5 million (Office for National Statistics 2000).

There is a growing awareness of the need to address the needs of older people, and the UK Government has set out a strategy for the 21st century (Department of Health 1999). The strategy is based on the concept of 'active ageing', which is defined as 'the process of optimising opportunities for health, participation in society, and security in old age' (Department of Health 1999, p. 10).

The strategy is based on three pillars: health, participation and security. The Department of Health has set out a number of objectives for each pillar, and has identified a number of key areas for action. The key areas for action are: health, participation, security, and the environment (Department of Health 1999).

The Department of Health has set out a number of objectives for each pillar, and has identified a number of key areas for action. The key areas for action are: health, participation, security, and the environment (Department of Health 1999). The Department of Health has set out a number of objectives for each pillar, and has identified a number of key areas for action. The key areas for action are: health, participation, security, and the environment (Department of Health 1999).

The Department of Health has set out a number of objectives for each pillar, and has identified a number of key areas for action. The key areas for action are: health, participation, security, and the environment (Department of Health 1999). The Department of Health has set out a number of objectives for each pillar, and has identified a number of key areas for action. The key areas for action are: health, participation, security, and the environment (Department of Health 1999).

The Department of Health has set out a number of objectives for each pillar, and has identified a number of key areas for action. The key areas for action are: health, participation, security, and the environment (Department of Health 1999). The Department of Health has set out a number of objectives for each pillar, and has identified a number of key areas for action. The key areas for action are: health, participation, security, and the environment (Department of Health 1999).

The Department of Health has set out a number of objectives for each pillar, and has identified a number of key areas for action. The key areas for action are: health, participation, security, and the environment (Department of Health 1999). The Department of Health has set out a number of objectives for each pillar, and has identified a number of key areas for action. The key areas for action are: health, participation, security, and the environment (Department of Health 1999).

The Department of Health has set out a number of objectives for each pillar, and has identified a number of key areas for action. The key areas for action are: health, participation, security, and the environment (Department of Health 1999). The Department of Health has set out a number of objectives for each pillar, and has identified a number of key areas for action. The key areas for action are: health, participation, security, and the environment (Department of Health 1999).

The Department of Health has set out a number of objectives for each pillar, and has identified a number of key areas for action. The key areas for action are: health, participation, security, and the environment (Department of Health 1999). The Department of Health has set out a number of objectives for each pillar, and has identified a number of key areas for action. The key areas for action are: health, participation, security, and the environment (Department of Health 1999).